

GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID 26mh dhen IUCHAR 2020

Ùrnaigh aig 7f

O chionn goirid thuirt ministear àraighe nach eil sinn, mar Chrìosdaidhean, saor o strìbhean agus fulangasan saoghal briste. Bha e ceart.

Ach tha e fior cuideachd gu bheil Dia còmhla rinn, anns gach càs. Chan e Tighearna gun ùidh, no Righ fuar fada às a tha sinn a moladh. Seadh, is e bunait ar creideimh gu bheil Dia còmhla rinn ann an da-rìreabh, Emanuel.

Is e dleastanas na h-eaglaise an fhìrinn seo foillseachadh ann an ùrnaigh agus gnìomh. Nuair a tha an Eaglais ag ùrnaigh airson an t-saoghal, nuair a tha an Eaglais a' gabhail cùram ris an t-saoghal, tha an Eaglais a' dearbhadh gu bheil Dia còmhla rinn anns an t-saoghal.

Tha sin air a bhith fior tro làithean a' ghalair, agus tha e fior fhathast a-nis, agus sinn a' smaoineachadh air an rathad a romhainn, a' beachdachadh air saoghal as fheàrr a thogail, agus cò ris a bhios sin coltach. Gum biomaid uile a' cumail oirnn ann an ùrnaigh, ag earbsa ann, agus a' faighainn eòlas nas pailte air.

Deànamaid ùrnaigh:

A Dhè as àirde, tha thu fada os ar cionn, agus os cionn ar tuigse. Ach ann aniosa thàinig thu nar measg, agus tha thu an-seo.

Le cridheachan làn aoibhneis agus taingealachd, tha sinn gad mholadh.

A Dhè uile-earbsaich, nuair a tha gair nan tonn a' bagairt oirnn, agus teine a' losgadh mu thimcheall oirnn, tha thu fhathast ri ar taobh. Cha tig latha anns an trèig thu sinn, chan fhàg thu sinn nar n-aonar.

Le cridheachan làn aoibhneis agus taingealachd, tha sinn gad mholadh.

A Dhè a threòraicheas sinn, is lochran thu dar casan agus is solas thu dar ceum. Ann an làithean mì-chinnteach, bi romhainn air an t-slighe, tha sinn ag guidhe ort, gus an lean sinn do ghuth agus do stiùireadh.

Le cridheachan làn aoibhneis agus taingealachd, tha sinn gad mholadh.

A Dhè shiorraidh, tha iomadh rud ann nach mair ach fad greis. Tha sinn fhèin mar fhìùraichean an achaidh: a' fàs an-diugh, a' seargadh a-màireach. Ach tha thusa, a Thighearna, gun toiseach no crìoch, an Tì ceudna an-dè, an-diugh agus gu sìorraidh. Deònaich gum bi sinn a' coimhead riut-sa an-còmhnaidh, a' taisgeadh ionmhasan air nèamh dhuinn fhèin, far nach dèan an leòmann agus a'

mheirg sgrios agus nach eil mèirlich a' brisdeadh a-steach.
Le cridheachan làn aoibhneis agus taingealachd, tha sinn gad mholadh.

A Dhè uile-ghràdhach, tha sinn a' gabhail iongantais ri do mhaitheis, agus is e ar miann eòlas nas
doimhne agus nas pailte a chuir ort. Deònaich gum bi acras is pathadh do làithearanachd an-
còmhnaidh oirnn.

Le cridheachan làn aoibhneis agus taingealachd, tha sinn gad mholadh.

Ann an ainm Chrìosd, Amen.

Soidhnichte:

- An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba
- Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann
- Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba
- An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba
- An t-Urramach Daibhidh Pickering, Moderator, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)
- An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba
- An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)
- An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thisionalach ann an Alba
- Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte
- Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)
- An t-Urramach Jim Ritchie, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

- Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia
- Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)
- An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)